

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID, 14mh dhen ÒGMHIOS

Ùrnaigh aig 7f

Tha iomadh duine an-diugh a tha a' faireachdainn eu-treun agus gun chomas. Bidh sinn uile a' faireachdainn aig ammanan nach eil smachd againn air ar beathannan fhèin. Gu dearbh fhèin, is beag am fios a tha againn aig amannan gu bheil do làmh a' treòrachadh an t-saoghail idir.

Tha an t-Abstol Pòl a' cur an cèill na firinne gu bheil Dia ag obair tro Ìosa Crìosd air ar son agus a-chum ar saoradh, nuair nach robh e an comas dhuinn a bhith ag obair gu h-eifeachdach air ar son fhèin, agus sinn gun chumhachd, gun spionnadh.

Tha Dia a' foillseachadh a ghràdh dhuinn ann gnìomharan Ìosa Chrìosd (Ròmanaich 5: 1- 8). On a tha fhios againn gu bheil sinn gun chumhachd bhon neart againn fhèin, ach làn chumhachd bho neart agus gràdh Spiorad Dhè nar cridheachan, dèanamaid ùrnaigh.

A Dhè Bheò, tha thu a' foillseachadh do ghràdh dhuinn,
tro ar Tighearna Ìosa Crìosd.

Nuair a tha sinn gun chumhachd,
nuair a tha sinn fann, seas ri ar taobh.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè Bheò, tha thu a' foillseachadh do ghràdh dhan t-saoghal,
tro fhèin-ìobairt ar Tighearna Ìosa Crìosd.

Tha sinn a' cuimhneachadh nan uile anns an t-saoghal againn a tha gun
chumhachd,

agus tha sinn nar seasamh rin taobh, agus iad fann.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè Bheò, nuair a tha sinn a' seasamh ri taobh daoine eile,
deònaich gun tuig sinn nas fheàrr a' bheatha a tha againn sa chumantas.

Agus deònaich gum bi sinn, leis an tuigse sin, a' gabhail ri do thìodhlac dhuinn,
beatha na lànachd.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè Bheo, is e do Spiorad Naomh
Tighearna agus Tabhartair na Beatha.
Dòirt a-nuas oirnn do ghràdh,
gus am bi ar beathannan air an ath-nuadhachadh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè Bheò, Athair, Mac agus Spiorad Naomh;
Cruitheadair, Fear-Saoraidh agus Fear-Dìon,
Gabh rinn, agus ri do chruthachadh gu lèir,
anns a' ghràdh a tha thu a' foillseachadh dhuinn tro ar Tighearna Ìosda Crìosd.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)